

# Na Naidheachdan

Feasgar math agus fàilte oirbh gu prògram nan naidheachdan còmhla riumsa (d' ainm fhèin).

Tha e sia uairean feasgar.

Seo na prìomh naidheachdan an-diugh.

Tha Bholcàno Etna air Eilean Sicily  
anns an Eadailt air spreadhadh.

Thathar a' tuigsinn nach deach  
duine a mharbhadh ach chaidh  
mòran a thoirt dhan ospadal.

Tha e coltach gun deach milleadh  
a dhèanamh air mòran thaighean  
san sgìre. Chaidh rathaidean a  
mhilleadh cuideachd.

Tha Ceann-suidhe nan Stàitean  
Aonaichte ann an Alba an-diugh.  
Choinnich e ri sgoilearan ann an  
Glaschu feasgar agus a-màireach  
thèid e a Shasainn far an coinnich  
e ris a' Phrìomhaire agus luchd-  
poileataigs eile.

Bha Pàrlamaid na h-Alba  
a' deasbad foghlam tro mheadhan  
na Gàidhlig an-diugh. Thathar am  
beachd fichead sgoil Ghàidhlig  
eile fhosgladh san dùthaich taobh  
a-staigh dà bhliadhna.

Tha na poilis a' sireadh fiosrachadh mu chàr gorm a chaidh fhaicinn faisg air Banca na h-Alba ann an Sruighlea aig meadhan-oidhche a-raoir. Chaidh fichead mìle not a ghoid bhon bhanca tron oidhche.

Gu naidheachdan spòrs a-nis. Bha Rangers agus Hibs a' cluich a-raoir agus chrìochnaich an gèam aig neoni-neoni. Ach, fhuair Hibs buille chruaidh nuair a bhris cluicheadair Hibs, Calum Mac a' Ghobhainn a chas faisg air deireadh a' chiad leth. Cha chluich e a-rithist airson sia mìosan.

Bidh Alba a' cluich an aghaidh  
Èirinn aig rugbaidh a-nochd.  
Bidh an gèam a' tòiseachadh aig  
ochd uairean feasgar aig Pàirc  
Murrayfield. Tha dùil ri sluagh mòr  
ann an Dùn Èideann.

Sùil air an aimsir a-nis. Bidh feasgar  
grianach, blàth ann airson Alba air  
fad. Ach, a-màireach thig frasan  
troma agus bidh i gu math fuar.

Sin e bhuamsa an-dràsta.  
Mar sin lèibh!